

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

**28/06/11**

**Airson a chleachdadh sa bhad**

**Taic ga thairgsinn do dh' oileanaich a' trèanadh mar luchd-teagaisg Gàidhlig**

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' bhuidheann reachdail an urra ri adhartachadh agus leasachadh na Gàidhlig agus comhairleachadh Ministearan Riaghaltas na h-Alba, air sgeama ùr ainmeachadh agus a chur air bhog a' tairgsinn taic do dh' oileanaich ag obair a dh' ionnsaigh dreuchd ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh bursaraidhean suas gu £1000 rim faotainn le oileanaich a tha gu làithreach ag ionnsachadh air cùrsaichean a tha a' leantainn air adhart gu dreuchd-beatha ann am foghlam Gàidhlig. Faodaidh luchd-teagasg barantaichte, a tha airson a dhol air adhart gu trèanadh a cheadaicheas dhaibh atharrachadh gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, cur a-steach airson taic.

Thuir Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard Bòrd na Gàidhlig: "Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gu dlùth le Ùghdarrasan Ionadail air feadh na h-Alba gus an àireamh de sgoilearan a' dol tro Fhoghlam Tron Ghàidhlig àrdachadh, aig ìre bun-sgoile agus àrd-sgoile. Bidh feum air tuilleadh luchd-teagaisg gus na h-amasan sin a choileanadh agus tha sinn airson taic a thoirt do dh' oileanaich air an slighe gu teagasg tron Ghàidhlig, agus luchd-teagaisg làithreach aig a bheil Gàidhlig a bhrosnachadh gus an sgilean cànan a leasachadh agus an cur gu feum mar luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig.

Chuir Ministear Ionnsachadh agus Sgilean, an t-Oll Alasdair Allan, ris an sin: "Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh leudachadh a' cothrom air Foghlam Tron Ghàidhlig anns na sgoiltean againn uile. Airson seo tachairt, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aig an luchd-teagaisg, agus cothrom air na sgilean sin fhaotainn, gus FTG a liubhairt.

[www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)

Fòn: 01463 225 454

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



"Tha mi fìor thoilichte gu bheil Bòrd na Gàidhlig a' tairgsinn nan tabhartasan sin agus thathar an dòchas gun gabh luchd-teagasg san amharc, no iadsan le eòlas cheana air a' chànan, cothrom air an sgeama seo."

Tha an cothrom aig tagraichean iarrtas a chur a-steach airson taic ionmhasail a dh' ionnsaigh cìsean cùrsa, mura h-eil iad a' faotainn taic cheana bho bhuidhnean leithid SAAS. Tha bursaraidhean beaga airson taic le cosgaisean bith-beò, leabhraichean, siubhail is eile, rim faotainn cuideachd. Feumaidh tagraidhean a bhith a-staigh **Dihaoine 2<sup>na</sup> Sultain 2011**, agus tha barrachd fiosrachaidh ri fhaotainn air [www.teagasg.com](http://www.teagasg.com) (làrach-lìn ag adhartachadh Teagasg tron Ghàidhlig), a thuilleadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig fhèin aig [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk).

## DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:

Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh & Cùisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.

Post-d: [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) Fòn: 01463 225 454 Fòn-l: 07557 481 081

## Notaichean do Luchd-deasachaidh

***Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh mar bhuidheann poblach le Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a thòisich air 13mh Gearran 2006.***

*Gu làithreach, tha 60 bun-sgoil ann an Alba a' tairgsinn Foghlam tron Ghàidhlig agus 42 àrd-sgoil a tha a' tairgsinn Gàidhlig mar chuspair (biodh sin sgoilearan Gàidhlig, luchd-ionnsachaidh no na dhà dhiubh). Tha àireamh de dh' àrd-sgoiltean a' tairgsinn chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd.*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



*Tha cothroman ann a bhith a' teagasg tron Ghàidhlig aig ìre ro-sgoile agus bun-sgoile, agus Gàidhlig a theagasg mar chuspair a thuilleadh air àireamh de chuspairean eile tro mheadhan a' chànain aig ìre àrd-sgoile.*

*Tha diofar chùrsaichean ann a dh'fhaodas leantainn gu barantas teagaisg tron Ghàidhlig. Faodaidh oileanaich cùrsa B.Ed, no MA ann an Gàidhlig le Foghlam a ghabhail os làimh, no an dèidh crìoch a chur air iar-cheum, cùrsa PGDE.*

*Tha Cùrsaichean Trèanaidh Luchd-teagaisg air an tairgsinn ann an Oilthigh Shrath Chluaidh, Oilthigh Obar Dheathain, Sabhal Mòr Ostaig, Colaisde a' Chaisteil agus OGE. Faodar cuid de na cùrsaichean sin a choileanadh pàirt-ùine agus air astar.*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## For Immediate Use

### Support offered to students training to be Gaelic teachers

Bòrd na Gàidhlig has announced the launch of a scheme offering support for students working towards a career in Gaelic-medium education. Grants of up to £1000 are available to students currently studying courses which lead to a career in Gaelic teaching. Qualified teachers wishing to embark upon training to allow them to convert to Gaelic medium education can also apply for some support.

Bòrd na Gàidhlig Chief Executive, John Angus MacKay, said: “Bòrd na Gàidhlig are working closely with Local Authorities throughout Scotland to raise the number of pupils going through Gaelic Medium Education at primary and high school level. There will be a need for more teachers to fulfil those aims and we want to support students in taking the route to Gaelic teaching, and to encourage current teachers who have Gaelic to improve their language skills and put them to use as Gaelic-medium teachers”.

Minister for learning & skills, Dr Alasdair Allan, also added: “The Scottish Government is committed to widening the availability of Gaelic Medium Education in all our schools. To make this happen we need to ensure teachers have the skills, and opportunity to gain the skills, to deliver GME.

"I am delighted that Bòrd na Gàidhlig are offering these bursaries, and hope that aspiring teachers, or those already with experience of the language, take advantage of this scheme."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Applicants have the opportunity to apply for financial support towards course fees, if they are not already receiving support from organisations such as SAAS. Small grants towards the costs of living, books and travel etc. are also available. Applications must be submitted by **Friday 2<sup>nd</sup> September 2011**, further information is available on [www.teagasg.com](http://www.teagasg.com) (a website promoting Gaelic teaching), as well as on Bòrd na Gàidhlig's own website, [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk).

END

**For further information contact:**

**Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig.**

**E-Mail: [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) Tel: 01463 225 454 Mob: 07557 481 081**

## Notes to Editors

***Bòrd na Gàidhlig was established as a public body by the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 which was commenced on 13th February 2006.***

*There are currently 60 primary schools in Scotland that offer Gaelic medium education and 42 high schools that offer Gaelic as a subject (be it Gàidhlig, Gaelic learners or both). A number of high schools also offer subjects through the medium of the language.*

*There are opportunities to teach in Gaelic at pre-school and primary level, and to teach Gaelic as a subject as well as various other subjects through the medium of the language at high school level.*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



*There are a number of different courses which can lead to a Gaelic teaching qualification. Students can undertake a B.Ed, an MA Gaelic with Education or once completing an undergraduate degree could do a PGDE.*

*Gaelic Teacher Training Courses are offered at the University of Strathclyde, the University of Aberdeen, Sabhal Mòr Ostaig, Lews Castle College and UHI. Some courses can be done part-time and through long-distance learning.*